

Crònan-Cadail Leanabh Bean a' Chìobair

O bà, o bà, mo cheallan beag!
Gu bheil mi air mo phianadh leat!
O bà, o bà, mo nianag bheag,
Chan fhaigh mi fear am bliadhna dhut!

Ó caidil clis, mo chiocharan,
Ged 's faoinhomh 'bhith 'ga innseadh dhut,
'S olc 'thug do chéile ciobaire,
A cuibheall a bhith dìomhanach.

O bà, o bà, mo cheallan 7c.

Ma thig an latha 'phòsas tu,
Bidh feum air plaidean clòimh agad,
Is gheibh thu sin, mas beò mise,
Le deise bhreacain còmhla ris.

O bà, o bà, mo cheallan 7c.

Cha taghainn-sa mar chéile dhut,
Fear-malairt carach, beul-bhreugach,
'S e b' annsa leam ri d' thaobh geal-sa,
Fear-baile is crò-laoigh aige.

O bà, o bà, mo cheallan 7c.

Am fear a gheibh mo leanabh-sa,
Bidh tochradh aige 'dh'fhanas leis,
'Na dreach 's 'na dòighean banalta,
B' e dual a dream 'bhith ceanalta.

O bà, o bà, mo cheallan 7c.

Uist! Uist! A ghràidh ghil uaineinich,
Cha b' àill le d' mhà'ir 'bhith gruamach riut,
'S a bhláth 'nad chruth 's 'nad ghruaidhean rùin,
Gur h-ann o Nèamh a fhuair mi thu.

O bà, o bà, mo cheallan 7c.

Nis! Nis! Gun taing do m' rùnan-sa,
Tha do dhà shùil bheag dùinte nis!
Nuair 'thig, a ghràidh, tim dùsgadh dhut,
Bidh broilleach làn 'ga rùsgadh dhut?

O bà, o bà, mo cheallan 7c.